

# Siosam nan Cinnidean



ceann-cinnidh  
no ceann-feadhna

fear-taca

tuathanach  
gabhaltais

coitear

Bha ùghdarris aig a' cheann-feadhna thairis air **fearann a' chinnidh**. Bhiodh e a' **roinn** an **fhearan** agus a' toirt phìosan dheth air **mhàl** do **fhir-taca**, a bha càirdeach dha mar bu trice. B' e 'meadhan-chlas' a' **chinnidh** a bha anns na **fir-taca**.

**Bha iad an urra ri bhith a' ruith an fhearan agus 's iad a bha a' gairm nam fear-cinnidh nuair a bhathas gan iarraidh airson sabaid.**

Bha na **fir-taca** a' toirt **fearann** air **mhàl** do **thuathanaich gabhaltais**, agus bha iadsan a' toirt obair do **choitearan**. Bha na coitearan a' **treabhadh**, a' **buain**, a' **buachailleachd** a' chruidh agus a' buain mònadh. Mar **thuarastal** bha iad a' faighinn pìos beag **fearann** anns an cuireadh iad am biadh fhèin.

**An dèidh 1746 chaidh structar sòisealta siosam nan cinnidhean a bhriseadh, agus b' e dàimh **eadar** uachdaran agus màladair a bh' ann an uair sin.**

